


## Ag aontachadh Malairt, Cìsean agus Creideamh



Chaidh **aonadh** a chuireadh na **pàrlamaidean** còmhla – a’ ciallachadh gun leigeadh Alba seachad a’ phàrlamaid aice fhèin – aontachadh ann am prionnsapal, mar a chaidh **còir leantalachd** Hanobharach. Chaidh gabhail ri **Achd Suidheachaidh 1701** a bha a’ ciallachadh,

an dèidh bàs na Banrigh Anna, gun deigheadh an crùn gu Sophia, **Bantrach** Eleactair Hanobhair, agus às a dèidh-se, gu Seòras, a mac, Eleactair Hanobhair.



**Ach cha robh na coimiseanairean Sasannach deònach cothrom a thoirt do dh’Alba air malairt ris na coloinidhean gus am biodh cùisean eile air an rèiteach.**

Bha dùil aca cuideachd gum pàigheadh na h-Albannaich na h-aon **chìsean** ris na Sasannaich, ach thuir na h-Albannaich gun robh iad ann am **bochdainn**, agus cha robh iad airson gun deigheadh siostam **chìsean** Shasainn a chur an sàs ann an Alba.

Bha creideamh na **chnap-starra bunasach** eile. Am bu chòir Eaglais Easbaigeach na h-Alba a bhith air a h-ath-stèidheachadh mar eaglais nàiseanta na h-Alba? Am bu chòir **ceadachas** a bith ann – cead creideamhan no cleachdaidhean **cràbhach** a chumail, gu sònraichte feadhainn a bha eadar-dhealaichte bho chreideamh na dùthcha – cead nach robh aice aig an àm?

**Am bu chòir na h-Easbaigich fhàgail gun dìon agus an urra ri deagh-ghean na h-Eaglais Chlèirich – Eaglais na h-Alba?**

